

A' leasachadh gach turas



**Plana lìbhrigidh
Plana ro-innleachdach airson
cur an gnìomh, cuidhteachadh
agus ath-lìbhrigidh
shoithichean**

Foillsichte 9^{mh} Dùbhlachd 2025





Clàr-innse

Geàrr-chunntas gnìomhach	3
1. Facal-toisich	3
2. Foir-shealladh air a' chabhlach	4
3. Plana airson soithichean a chur an gnìomh	5
4. Plana ath-libhrigidh	7
5. Plana a thaobh soithichean làithreach a chur gu slighean eile	8
6. Soitheach ath-sheasmhachd air a sholarachadh	9
7. Co-comhairleachadh agus conaltradh coimhearsnachd	10
8. Ath-sgrùdadh agus ath-ùrachadh a' phlana	11
9. Co-dhùnadh	11
Eàrr-ràdh 1 – Cabhlach làithreach	13



Geàrr-chunntas gnìomhach

Thairis air an ath cheithir bliadhna, tha sinn a' gabhail os làimh aon de na prògraman as cudromaiche ann an eachdraidh a' chabhlaich againn. Tha am plana seo a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cur an gnìomh soithichean ùra, a' cur feadhainn làithreach gu slighean ùra agus a' gabhail sheann shoithichean à dreuchd ann an dòigh chunntasach — uile leis an amas gum bithear a' leasachadh gach turas thar costa an iar na h-Alba.

Ro dheireadh 2028, bidh sinn air barrachd is aon-trian den chabhlach againn ionadachadh. Bidh an tasgadh airgid seo a' toirt seachad:

- Comasachd mheudaichte air prìomh shlighean.
- Earbsachd agus ath-sheasmhachd nas fheàrr thar an lionraidh.
- Eimiseanan agus buaidh àrainneachdail air an lùghdachadh.
- Cabhlach a tha nas sùbailte agus deiseil airson an ama ri teachd.

Fhad 's a tha soithichean ùra a' tighinn ann an seirbheis, bidh sinn ag ath-shònrachadh shoithichean làithreach do shlighean eile far am faod iad cumail orra a' cur ri luach, no an tilleadh do shealbhadair nam maoinean againn, So-mhaoinean Mara Cailleanach Earranta (CMAL), far a bheil sin iomchaidh. Thèid na co-dhùnaidhean seo a dhèanamh gu cùramach, stèidhichte air feumalachdan obrachaidh, cor an t-soithich agus buaidh air a' choimhearsnachd.

Tha sinn an geall air com-pàirteachadh le coimhearsnachdan air feadh a' phròiseis seo. Anmoch ann an 2025, bidh sinn a' tòiseachadh air sreath de chòmhradh leothasan air am faodar buaidh a thoirt nuair a tha soithichean gan cur gu slighean eile no gan cur à dreuchd. Bidh na còmhradh seo a' cuideachadh gus cruth a thoirt do na co-dhùnaidhean deireannach agus bidh iad a' dèanamh cinnteach gu bheil atharrachaidhean a' nochdadh phrìomhachasan ionadail.

Chan eil am plana seo dìreach mu dheidhinn nan soithichean – tha e mu dheidhinn libhrigeadh seirbheis nas fheàrr. Le bhith a' co-thaobhadh cur an gnìomh a' chabhlaich ri iarrtas, a' togail ath-sheasmhachd a-staigh agus a' planadh airson an ama ri teachd, tha sinn a' cur sìos bunaitean airson lionra bhàtaichean aiseig a tha nas earbsaiche, nas in-ghabhailte agus nas seasmhaiche.

1. Facal-toisich

Tha lionra aiseagan costa an iar na h-Alba a' cluiche pàirt dheanamach ann a bhith a' ceangal choimhearsnachdan, a' toirt taic do eaconamaidhean ionadail agus a' comasachadh beatha làitheil thar nan eilean is roinnean costail. Leis gu bheil iarrtas a' dol am meud agus an cabhlach againn a' fàs nas sine, feumaidh sinn atharrachadh – chan ann a-mhàin le bhith a' toirt a-steach soithichean ùra, ach le bhith gan cur an gnìomh ann an dòighean a bheir a' bhuidheas as motha, a chuireas piseach air earbsachd agus a bheir taic do dh'ath-sheasmhachd na seirbheise san fhad-ùine.

Tha am plana seo a' mìneachadh mar a bhios sinn a' stiùireadh atharrachaidhean a' chabhlaich thairis air an ath cheithir bliadhna. Tha e a' cur an cèill càit an tèid soithichean ùra a chur an gnìomh, mar a bhios soithichean làithreach air an ath-shònrachadh no air an cur à dreuchd agus dè na prionnsapalan a bhios a' stiùireadh nan co-dhùnaidhean seo.



Tha an dòigh-obrach againn freumhaichte ann am feumalachdan obrachaidhean, com-pàirteachadh coimhearsnachd agus uallach àrainneachdail. Tha e a' nochdadh ar gealltanais a bhith:

- A' libhrigeadh seirbheis a tha nas earbasaiche agus nas ath-sheasmhaiche.
- A' toirt taic do choimhearsnachdan tro phlanadh cùramach agus co-chomhairleachadh.
- A' lùghdachadh eimiseanan agus a' toirt piseach air seasmhachd.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' libhrigeadh luach an airgid air feadh an lionraidh.

Chan e plana neo-atharrachail a tha seo. Bidh e ag atharrachadh nuair a tha soithichean ùra gan libhrigeadh, prìomhachasan obrachaidh gan gluasad agus feumalachdan coimhearsnachd gan atharrachadh. Thèid co-dhùnaidhean deireannach air cur an gnìomh shoithichean gan dèanamh nas fhaisge air an àm, air am fiosrachadh le cumhaichean fìor-shaoghail agus ion-chur luchd-ùidhe.

Thar a h-uile nì eile, tha am plana seo mu leasachadh gach turas — le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na soithichean cearta sna h-àitichean cearta, aig an àm cheart, airson nan daoine a tha a' cur earbsa asta don ìre as motha.

'S e an cabhlach againn bun-stèidh lìonra aiseagan costa an iar na h-Alba. Tha e a' comasachadh sheirbheisean lìn-bheatha, a' toirt taic do thurasachd agus a' ceangal choimhearsnachdan thar barrachd is 50 port is cala. Ann a bhith a' planadh airson soithichean ùra a chur an gnìomh, seann shoithichean a chuidhteachadh agus soithichean làithreach a ghluasad gu slighean eile, tha e cudromach gu bheil sinn a' tuigsinn co-dhealbhachd agus cor a' chabhlaich.

2. Foir-shealladh air a' chabhlach

Mar aig 1 Dàmhair 2025, tha an cabhlach againn a' gabhail a-steach:

- Soithichean mòra a' frithealadh shlighean nas fhaide agus àireamh mhòr de luchd-siubhail.
- Soithichean beaga a tha ag obrachadh shlighean nas giorra, le comasachd nas lugha.
- Soitheach/soithichean ath-sheasmhachd a tha rim faotainn gus taic a thoirt do dh'obair-ghlèidhidh phlanaichte no freagairt ri buairidhean neo-phlanaichte.

Gheibhear làn-fhiosrachadh ann an Eàrr-ràdh 1.

Thathar a' sònrachadh gach soitheach do shlighe àraid a rèir meud, comasachd agus freagarrachd do bhun-structar ionadail. Ach le soithichean a' fàs nas sine agus iarrtas a' fàs nas motha, tha cuideam ga chur air earbsachd agus sùbailteachd thar an lionraidh.

Aois a' chabhlaich agus suidheachadh a thaobh cearcall-beatha

Tha barrachd is an dàrna leth den chabhlach a' tighinn dlùth ri a' dol thairis air 25 bliadhna de bhith ann an seirbheis. Tha grunn shoithichean a' tighinn dlùth ri ceann an cearcaill-bheatha obrachaidh, le barrachd feumalachdan a thaobh obair-ghlèidhidh agus sùbailteachd nas lugha a thaobh càit am faodar an cur an gnìomh.

Tha soithichean ùra gan toirt a-steach gus an fheadhainn nas sine ionadachadh, piseach a thoirt air coileanadh a thaobh eimiseanan, agus taic a thoirt do libhrigeadh na seirbheise fad na bliadhna.



Tha sinn ag amas air tòiseachadh air planadh airson soithichean ionadachadh nuair a ruigas iad 25 bliadhna ann an seirbheis, le làn ionadachadh ro dheireadh 30 bliadhna, a' dèanamh cinnteach à leantalachd seirbheise agus a' lùghdachadh cunnart bhrisidhean neo-phlanaichte.

Dùbhlain obrachaidh

Tha grunn dùbhlain obrachaidh ann cuideachd a tha ceangailte ris a' chabhlach làithreach againn:

- Co-iomlaideachd chuibhrichte air sàilleibh mar a tha na soithichean air an dealbhachadh ann an diofar dhòighean agus mar thoradh air dìth co-chòrdalachd bun-structair.
- Cuideaman obrach-glèidhidh, gu h-àraid rè obair-ghlèidhidh bhliadhnail.
- Beàrnan ath-sheasmhachd, far a bheil buaidh mhòr air libhrigeadh sheirbheisean air adhbharachadh le soitheach a' briseadh sìos.

Airson dèiligeadh ris na dùbhlain seo, tha sinn a' gluasad gu dealbhaidhean coitcheann airson shoithichean agus bun-structar stannardaichte, a' comasachadh barrachd sùbailteachd agus a' lùghdachadh cunnart obrachaidhean.

Ag ullachadh airson atharrachadh

Bidh na soithichean ùra a thathar gan toirt a-steach a' leigeil leinn a bhith:

- A' sònrachadh shoithichean làithreach do shlighean far am faod iad cumail orra a' cur ri luach.
- A' cur à dreuchd soithichean nas sine nach eil tuilleadh a' coileanadh inbhean a thaobh obrachaidh no na h-àrainneachd.
- A' neartachadh ath-sheasmhachd le bhith a' cumail shoithichean a bharrachd ann an staid ullamhachd airson cur an gnìomh taobh a-staigh 24 uairean a thìde.

Mar a chaidh a chur an cèill sa Phlana Chorpóra 25-31 airson CHFS3, A' leasachadh Gach Turas, tha sinn cuideachd a' co-thaobhadh ri inbhean stèidhichte a' ghnìomhachais le bhith a' toirt a-steach ùine obrach-glèidhidh sgeidealaichte sna clàran-ama againn, am beachd earbsachd agus ath-sheasmhachd na seirbheise againn a mheudachadh. Thèid na h-ùineachan obrach-glèidhidh seo a chorpachadh mean air mhean nuair a thathar a' leasachadh nan clàran-ama airson nan soithichean air an coimiseanadh as ùr, le seann shoithichean gan cur an gnìomh air slighean eile san lìonra, no nuair a tha ath-sgrùdaidhean seusanail gan dèanamh. Air feadh a' phròiseis seo, bidh sinn ag obair gu dlùth le coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil am feumalachdan is prìomhachasan a' nochdadh san dòigh-obrach againn, ag ath-dhaingneachadh ar gealltanais a bhith a' cur choimhearsnachdan aig cridhe ar co-dhùnidhean.

Tha am plana seo a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile soitheach — ùr, air a shònrachadh do shlighe eile no air a chur a à dreuchd — a' cur ri seirbheis aiseig a tha nas earbsaiche, nas so-fhreagraiche agus nas seasmhaiche.

3. Plana airson soithichean a chur an gnìomh

Thairis air an ath cheithir bliadhna, bidh sinn a' cur an gnìomh sreath de shoithichean ùra thar phrìomh shlighean gus piseach a thoirt air comasachd, earbsachd agus ath-sheasmhachd. Thathar a' planadh seo gu cùramach a bhith a' co-thaobhadh ri ullamhachd bun-structair, iarrtas sheirbheisean agus prìomhachasan coimhearsnachd.



Tha an ro-innleachd againn airson soithichean a chur an gnìomh air a dhealbhadh a bhith:

- A' meudachadh comasachd air slighean far a bheil iarrtas àrd.
- A' cur piseach air earbsachd chlàran-ama agus a' lùghdachadh bhrisidhean seirbheise.
- A' toirt taic do thargaidean àrainneachdail tro shoithichean le eimiseanan nas ìsle.
- A' cur ri sùbailteachd thar a' chabhlaich tro dhealbhadh stannardaichte.

Tha gach cur an gnìomh stèidhichte air measadh mionaideach air feumalachdan na slighe, comasachd an t-soithich agus ullamhachd obrachaidh.

Slatan-tomhais airson soithichean a chur an gnìomh

Tha co-dhùnidhean mu chur an gnìomh shoithichean air an stiùireadh le:

- Iarrtas na slighe agus riatanasan comasachd.
- Co-chòrdalachd bun-structair (docadh, connachadh, ùineachan cur timcheall).
- Fios air ais bho choimhearsnachdan agus dùilean seirbheise.
- Èifeachdas obrachaidh agus planadh chriuthachan.
- Coileanadh àrainneachdail agus targaidean airson eimiseanan.

Tha sinn cuideachd a' toirt fa-near atharrachaidhean seusanail, planaichean teagmhaise agus a' chomasachd a bhith a' toirt taic do shlighean eile rè buaireadh.

A' toirt taic do bhun-structar agus ullamhachd

Tha cur an gnìomh shoithichean air a cho-òrdanachadh le ath-ùrachaidhean do bhun-structar phort, trèanadh chriuthachan agus planadh sheirbheisean. Mar eisimpleir:


- Thèid soitheach a chur an gnìomh gu sealach air An Truthail gu Tràigh a' Chaisteil (Breadhaig) fhad 's a tha obraichean gan coileanadh aig Àird Rosain.
- Bidh comas aig a' chriutha fàs eòlach air an t-soitheach ro làimh agus thèid coimiseanadh teicnigeach a sgeidealachadh mus tèid soitheach a chur an seirbheis.
- Thèid clàran-ama atharrachadh mar thoradh air comasachdan is ùineachan tionndaidh timcheall an t-soithich ùir.

Airson gach clas de shoitheach, thèid a' chiad shoitheach a dheuchainneachadh thar an lìonraidh an toiseach mus tèid a chur ann an seirbheis. Bidh seo gar comasachadh measadh a dhèanamh air freagarrachd obrachaidh thar a h-uile slighe, agus mar sin a' cur ri ath-sheasmhachd a' chabhlaich agus sùbailteachd soithichean a chur an gnìomh.

Bithear a' cumail oirnn a' dèanamh dheuchainnean docaidh le soithichean làithreach air stèidh leantainneach, nuair a tha sin so-dhèanta, air chumha nach bi leithid a ghnìomhachdadh a' toirt droch bhuaid air obrachaidhean sgeidealichte an t-soithich.

Mar a thathar a' planadh soithichean a chur an gnìomh

Tha na soithichean mòra a leanas air an sgeidealachadh a bhith ag inntrigeadh seirbheis eadar 2026 agus 2028:



Leis an cur an gnìomh, bithear a' comasachadh:

- Seirbheis dà shoithich fad na bliadhna air an dà chuid an t-slighe gu Ìle agus an t-slighe gu Arainn (chan ann rè ùineachadh obrach-glèidhidh sgeidealichte).
- Soitheach sònraichte air Ùige gu Tairbeart na Hearadh agus air Ùige gu Loch nam Madadh as t-samhradh, le aon soitheach cho-mheasgte sa gheamhradh.
- Ath-sheasmachd agus earbsachd nas fheàrr thar an lionraidh.

4. Plana ath-lìbhrigidh

Mar phàirt den phrògram againn airson ath-nuadhachadh a' chabhlaich, thèid feadhainn de na soithichean ath-lìbhrigeadh do shealbhadair nan so-mhaoinean againn, CMAL, aon uair 's gun ruig iad deireadh an cearcaill-bheatha obrachaidh no aon uair 's nach eil feum againn orra airson sheirbheisean air an loidhne aghaidh. Mar phàirt de phròiseas planaichte agus breithnichte, tha ath-lìbhrigeadh a' dèanamh cinnteach gu bheil soithichean gan cur à dreuchd gu cunntasach, leis a' bhuaireadh as lugha air coimhearsnachdan agus seirbheisean.

Dè th' ann an ath-lìbhrigeadh?

Tha ath-lìbhrigeadh a' ciallachadh gu bheil a' tilleadh an t-soithich gu CMAL an dèidh dha a bhith air às-tharraing à seirbheis ghnìomhach. Faodaidh seo tachairt nuair a tha:

- Soitheach ùr a' tòiseachadh ann an seirbheis agus ag ionadachadh seann tè.
- Soitheach air deireadh bheatha obrachaidh phlanaichte a ruigsinn.
- An soitheach mì-fhreagarrach a-nis airson cur an gnìomh air sàilleibh cuingealachdan bun-structair, eimiseanan no earbsachd.

Tha co-dhùnaidhean air ath-lìbhrigeadh gan dèanamh stèidhichte air feumalachdan obrachaidh, cor an t-soithich agus prìomhachasan nas fharsainge na seirbheise.

Prionnsapalan ath-lìbhrigidh

Tha an dòigh-obrach againn airson co-dhùnadh a dhèanamh air ath-lìbhrigeadh shoithichean air a stiùireadh leis na prionnsapalan a leanas:

- Cuir prìomhachas air seann shoithichean gus cunnart bhrisidhean neo-phlanaichte agus buaireadh seirbheise a lùghdachadh.
- Dèan conaltradh le coimhearsnachdan air an toirear buaidh gus buaidhean ionadail a thuigsinn agus roghainnean eile a rannsachadh.
- Glèidh ath-sheasmachd le bhith a' cumail shoithichean far a bheil feum ann airson taic a thoirt do dh'obair-ghlèidhidh no planaichean teagmhaise.



- Soithichean nas sine ionadachadh air slighean far a bheil ìrean iarrtais nas ìsle.
- Comasachd a bharrachd, no taic sheusanail, a thoirt seachad.
- Frithealadh mar shoithichean teagmhaise rè obair-ghlèidhidh no buaireadh.
- Obrachadh ann an dreuchd lùghdaichte no atharraichte stèidhichte air co-chòrdalachd bun-structair.

Tha co-dhùnaidhean den leithid seo stèidhichte air comasachd shoithichean, feumalachdan shlighean agus buaidh air a' choimhearsnachd.

Prionnsapalan airson soithichean làithreach a chur gu slighean eile


Tha an dòigh-obrach againn airson seo air a stiùireadh le bhith:

- A' làn-mheudachadh luach obrachaidh shoithichean làithreach.
- A' cur piseach air earbsachd seirbheise air slighean le soithichean nas sine no nach eil cho comasach.
- A' toirt taic do fheumalachdan coimhearsnachd tro bhith a' cur shoithichean an gnìomh ann an dòigh thargaidichte.
- A' glèidheadh sùbailteachd airson freagairt ri iarrtas atharrachail no buaireadh.

Tha sinn cuideachd a' beachdachadh air co-chòrdalachd, faotainneachd criutha agus pàtran seirbheise seusanail nuair a tha sinn a' planadh.

Gnìomhachd dhearbhaichte a thaobh soithichean a chur gu slighean eile

Thathar a' planadh nan gluasadan a leanas an-dràsta:



6. Soitheach ath-sheasmhachd air a sholarachadh

Gus taic a thoirt do dh'earbsachd air feadh an lionraidh, bidh soitheach ath-sheasmhachd ga ghlèidheadh ann an staid ullamhachd a bhith ri fhaotainn airson cur an gnìomh taobh a-staigh 24 uairean a thìde. Bidh an soitheach seo ri fhaotainn airson:

- Ùineachan obrach-ghlèidhidh a chòmhdachadh.
- Freagairt ri briseadh sìos neo-phlanaichte.
- Taic a thoirt do leantalachd seirbheise rè iarrtas àrd.

Tha seo mar cheum air adhart cudromach ann a bhith a' cur pisesach air ath-sheasmhachd obrachaidh agus a' lùghdachadh na buaidhe a thig nuair a tha soitheach a' briseadh sìos.



7. Co-chomhairleachadh agus conaltradh coimhearsnachd

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil co-dhùnaidhean air mar a tha soithichean gan cur an gnìomh, gan gur gu slighean eile agus gan ath-lìbhrigeadh a' toirt buaidh dhìreach air na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh. 'S ann air an adhbhar sin a tha co-chomhairleachadh brìoghmhor na phrìomh phàirt den phlana seo.

Tha an dòigh-obrach againn a thaobh com-pàirteachadh stèidhichte air trìd-shoilleireachd, spèis agus freagairteachd. Tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile choimhearsnachd air an toirear buaidh le atharrachaidhean shoithichean a bhith a' co-phàirteachadh am beachdan, a' togail chùisean iomagain agus a' cuideachadh gus cumadh a thoirt do cho-dhùnaidhean deireannach.

Cò

Bidh sinn a' co-chomhairleachadh le:

- Bòrd Coimhearsnachd nam Bàtaichean-aiseig
- Coimhearsnachdan air am faodadh buaidh a thoirt le ath-lìbhrigeadh no ath-shònrachadh soitheach.
- Ùghdarrasan ionadail agus com-pàirteachasan còmhdaile.
- Ùghdarrasan calaidh agus sealbhadairean bun-structair.
- Comhairlean coimhearsnachd agus buidhnean riochdachail.
- Buidhnean turasachd agus gnothachasan ionadail.

Cuin agus ciamar

Bidh conaltradh tùsail a' tòiseachadh san Dùbhlachd 2025, le co-chomhairleachadh foirmeil a' tòiseachadh san Fhaoilleach 2026, mus tachair gluasadan nam prìomh shoithichean agus an uair sin bidh e a' cumail a' dol ann an co-rèir ri prìomh chlachan-mìle a' phròiseict. Bidh sinn a' foillseachadh làn fhiosrachadh air pròiseas a' cho-chomhairleachaidh air an làraich-lìn agus duilleagan mheadhanan sòisealta againn sna seachdainean ri teachd. Bidh cruth a' cho-chomhairleachaidh a' gabhail a-steach coinneamhan poblach, brathan-ullachaidh luchd-ùidhe agus for-ruigheachd dhìreach. Thèid fios air ais a thional, a mhion-sgrùdadh agus a chleachdadh gus co-dhùnaidhean deireannach fhiosrachadh a thaobh cur an gnìomh agus ath-lìbhrigeadh.

Bidh sinn a' foillseachadh geàrr-chunntas de thoraidhean a' cho-chomhairleachaidh agus a' mìneachadh mar a tha guth na coimhearsnachd air buaidh a thoirt air a' phlana.

Dè

Nuair a tha sinn a' conaltradh, bidh sinn a' beachdachadh air:

- Molaidhean airson soithichean a ghluasad gu slighean eile agus loidhnichean-tim ath-lìbhrigidh.
- Ìmpleachdan airson leantailachd seirbheise agus ath-sheasmhachd.
- Ullamhachd bun-structair agus ion-dhèantachd obrachaidh.
- Prìomhachasan coimhearsnachd agus dùilean mu sheirbheis ionadail.



'S e ar n-amas a bhith a' dèanamh cinnteach, nuair a tha sinn ag atharrachadh shoithichean, gum bi seo a' toirt taic chan ann a-mhàin do dh'èifeachdas obrachaidh ach do shunnd agus ceangalachd choimhearsnachdan.

8. Ath-sgrùdadh agus ath-ùrachadh a' phlana

Thèid am plana seo ath-sgrùdadh gu foirmeil gach bliadhna, a' co-thaobhadh ri planadh gnothachais agus cunntasan as ùr mu ro-innleachd a' chabhlaich. Thèid ath-ùrachadh san eadraiginn mar fhreagairt air atharrachaidhean brìoghmhor, leithid dàlaichean ann a bhith a' libhrigeadh soitheach no leasachaidhean bun-structair.

Thèid a h-uile ath-ùrachadh fhoillseachadh air an làraich-lìn againn agus a cho-phàirteachadh le luchd-ùidhe.

Dè tha ag adhbharachadh ath-ùrachadh?

- Atharrachaidhean do mar a thathar a' togail soitheach no do chlàran-ama libhrigidh.
- Bun-structar ùr a-nis deiseil.
- Dùbhlain obrachaidh a tha ag èirigh no buairidhean seirbheise.
- Fios air ais bho choimhearsnachd no toraidhean co-chomhairleachaidh.
- Leasachaidhean ionmhasail no riaghalteach.

Riaghlachas agus marasgladh

Tha am plana seo air a shealbhadh leis an sgioba Planadh agus Coileanadh againn, le ion-chur bho Obrachaidhean Luchd-ceannaich, Manaidseadh Cabhlaich agus Inbhean is Coileanadh. Tha ath-ùrachaidhean air aontachadh tro na frèamaichean-obrach riaghlachais againn air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh agus tha iad a' co-thaobhadh ri prìomhachasan CMAL agus Còmhhdail Alba.

Tha fios air ais bho luchd-ùidhe ga chorpachadh anns gach cuairt ath-sgrùdaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil am plana fhathast in-ghabhailte agus fòcasach air a' choimhearsnachd.

Le bhith a' cumail a' phlana ùraichte agus co-fhreagrach, tha sinn a' dèanamh cinnteach gum bi an ro-innleachd cabhlaich againn fhathast a' libhrigeadh luach, earbsachd agus earbsa thar an lìonraidh.

9. Co-dhùnadh

Tha am plana seo a' cur an cèill mar a bhios sinn ag ath-nuadhachadh a' chabhlaich againn, a' toirt piseach air libhrigeadh sheirbheisean agus a' toirt taic do choimhearsnachdan thar costa an iar na h-Alba. Tro bhith a' toirt a-steach soitheachan ùra, ag ath-shònrachadh shoithichean làithreach ann an dòigh chùramach agus ag ath-libhrigeadh sho-mhaoinean nas sine, tha sinn a' togail lìonra a tha nas earbsaiche, nas sùbailte agus nas ullaimhe airson an ama ri teachd.

Tha an dòigh-obrach againn air a stiùireadh le feumalachdan obrachaidh, cunntasachd àrainneachdail agus com-pàirteachadh coimhearsnachd. Tha sinn an geall air trid-shoilleireachd, co-chomhairleachadh agus leasachadh leantainneach — a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile co-dhùnadh a' nochdadh feumalachdan nan daoine a tha an eisimeil ar seirbheisean.



Fhad 's a tha sinn a' gluasad air adhart, bidh sinn a' cumail oirnn ag èisteachd, a' freagarrachadh agus a' tasgadh — a' leasachadh gach turas, aon soitheach mu seach.



Èarr-ràdh 1 – Cabhlach làithreach

Cabhlach nan soithichean mòra (as sine gu as òige)

Soitheach	Bliadhna a thòisich i ann an seirbheis	Sealbhadair
MV Eilean Arainn	1984	CMAL
MV An t-Eilean Muileach	1988	CMAL
MV Rìgh nan Eilean	1989	CMAL
MV Eileanan Chaledonia	1993	CMAL
MV Eilean Leòdhais	1995	CMAL
MV Fear-cinnidh	1998	CMAL
MV Loch Nibheis	2000	CMAL
MV Innse Gall	2001	CMAL
MV Coir' Uisg'	2003	CMAL
MV Eilean Bhòid	2005	CMAL
MV Earra-Ghàidheal	2007	CMAL
MV Fionnlagan	2011	CMAL
MV Loch Siophort	2014	CMAL
MV Gleann Sannaig	2025	CMAL

Cabhlach nan soithichean beaga (as sine gu as ùire)

Soitheach	Bliadhna a thòisich i ann an seirbheis	Sealbhadair
MV Eilean Chumraigh	1977	CMAL
MV An Linne Dhubh	1986	CMAL
MV Loch Raodain	1986	CMAL
MV Loch Srigheann	1986	CMAL
MV Loch Raonasa	1987	CMAL
MV Loch Dùnbheagan	1991	CMAL
MV Loch Fine	1991	CMAL
MV Loch Buidhe	1992	CMAL
MV Loch an Tairbeirt	1992	CMAL
MV Loch Bhrùsta	1996	CMAL
MV Loch Àlainn	1997	CMAL
MV Loch Portain	2003	CMAL
MV Loch Siora	2007	CMAL



Soitheach	Bliadhna a thòisich i ann an seirbheis	Sealbhadair
MV Hallaig	2013	CMAL
MV Loch a' Bharr	2014	CMAL
MV Loch Fiosa	2015	CMAL
MV Catriona	2016	CMAL

Cabhlach an luchd-siubhail (as sine gu as ùire)

Soitheach	Bliadhna a thòisich i ann an seirbheis	Sealbhadair
MV Ali Cat	2000	Dàibhidh Mac a' Bhriuthainn Earranta
MV Argyll Flyer	2001	Dàibhidh Mac a' Bhriuthainn Earranta
MV Chieftain	2007	Seirbheisean Mara na Cluaidh

Cabhlach nam bàtaichean-obrach (as sine gu as òige)

Soitheach	Bliadhna a thòisich i ann an seirbheis	Sealbhadair
MV Carvorra	2017	CMAL